

1 Giblean 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Anns a' Mhàrt 2024, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdadh an Rìgh litir mu Bhun-sgoil Dhùn Bheagain. Mhìnich an litir grunn raointean airson leasachadh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus le Comhairle na Gàidhealtachd. O chionn ghoirid, mar 's dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan leasachaidh a tha an sgoil air gabhail. Thug sinn sùil air raointean sònraichte a chaidh a comharrachadh sa chiad sgrùdadh. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air dèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' cumail taic ri ionnsachadh agus coileanadh na cloinne. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Bu chòir dhan cheannard agus dhan luchd-obrach cumail orra a bhith a' luathachadh adhartas na cloinne ann an leughadh agus sgrìobhadh anns a' Bheurla, agus anns a' Ghàidhlig ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhaibh na dòighean-obrach nas èifeachdaiche a thaobh làn bhogadh, a chaidh a thoirt a-steach o chionn ghoirid, a leabachadh san sgoil agus san sgoil-àraich gu maireannach.

Tha an ceannard agus an luchd-obrach air adhartas math a dhèanamh leis an raon leasachaidh seo.

Tha an ceannard air stiùireadh èifeachdach a thoirt seachad a thaobh leasachadh na bun-sgoile. Tha ullachaidhean tòrr nas fheàrr an sàs aig a' cheannard agus an luchd-teagaisg gus atharrachaidhean ann an adhartas na cloinne fhaicinn agus gus dèiligeadh riutha sin nas luaithe. Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, bha tidsearan a' cleachdadh modhan bogaidh iomlan gus piseach a thoirt air fileantachd na cloinne gu luath. Tha seo air a bhith glè shoirbheachail. Tha coileanadh na cloinne agus an cuid fileantachd sa Ghàidhlig air a dhol am feabhas gu mòr. Tha a' chlann uile toilichte agus misneachail a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig airson ionnsachadh air feadh a' churraicealaim. Bidh a' mhòr-chuid den chloinn a' bruidhinn gu fileanta sa Ghàidhlig ri tidsearan agus ri chèile. Tha clann a-nis a' faighinn bogadh de dheagh chàileachd. Ach, chan eil na tidsearan a' lìbhrigeadh seo nan luchd-obrach maireannach aig a' bhun-sgoil fhathast. Feumaidh an t-ùghdarras foghlaim dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach gu leòr ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus gu bheil e ga bhrosnachadh a rèir stiùireadh reachdail. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach cuideachd gun cum tidsearan orra a' faighinn fios air ais cunbhalach agus ciallach air ionnsachadh is teagasg bho eòlaichean Gàidhlig.

Ann am Foghlam Meadhan Beurla, tha a' mhòr-chuid de chloinn a' dèanamh adhartas iomchaidh ann an litearrachd agus Beurla. Tha beagan bheàrn ann an ionnsachadh na cloinne. Bidh a' mhòr-chuid de chloinn a' cleachdadh raon farsaing de bhriathrachas. Tha iad siùbhlach ann an còmhraidhean. Feumaidh a' chlann as sine obrachadh còmhla barrachd gus còmhraidh a chumail air, agus gus deasbad air, cùisean ann an gnìomhan ann am paidhir no buidheann bheag.

Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla, tha clann air na sgilean leughaidh aca ann am Beurla agus, mar as iomchaidh, Gàidhlig a thoirt air adhart. Tha clann nas misneachaile ann a bhith a' leughadh os àrd. Bidh iad a' cleachdadh fonaigs nas fheàrr gus faclan doirbhe fhuaimneachadh. Tha e a' còrdadh ris a' chloinn a bhith a' leughadh nobhailean agus a' bruidhinn mu na h-ùghdaran as fheàrr leotha. Bidh iad a' sònrachadh beagan fheartan ann an leabhar a tha a' còrdadh riutha agus bu chòir dhaibh leantainn air adhart a' leasachadh an sgil seo.

Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla, tha sgrìobhadh chloinne fhathast a' dol am feabhas. Bidh clann a' sgrìobhadh thar a' churraicealaim barrachd is barrachd. Tha tuigse nas soilleire aig clann air mar a sgrìobhas iad gu math agus mar a nì iad measadh air an adhartas fhèin. Feumaidh tidsearan fòcas a chuir air leasachadh litreachadh, puingeachadh agus làmh-sgrìobhadh na cloinne. Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, feumaidh tuigse nas soilleire a bhith aig clann mu bhith a' cleachdadh sràcan air litrichean.

Ann am Foghlam Meadhan Beurla, bidh a' chlann as òige ag ionnsachadh na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). Cleachdaidh clann an cànan a dh'ionnsaicheas iad tro phùpaidearachd gu math. Chan eil a' chlann as sine ag ionnsachadh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ann an dòigh leantainneach. Tha iad a' call a-mach air cothroman nàdarra Gàidhlig ionnsachadh air stèidh leantainneach. Bu chòir do chloinn cumail orra a bhith a' faighinn tuigse air a' cheangal eadar cànan agus cultar. Bu chòir do thidsearan clann a chuideachadh gus dùilean nàiseanta a choileanadh ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mus fàg iad a' bhun-sgoil.

Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla, tha clann a' dèanamh adhartas nas fheàrr ann an àireamhachd agus matamataig. Tha a' mhòr-chuid den chloinn as òige a' coileanadh a rèir dùilean nàiseanta, le beagan a' coileanadh aig ìre nas àirde na sin. Tha a' mhòr-chuid den chloinn as sine ag obair aig an ìre iomchaidh airson an aois. Tha feum aig beagan chloinne air taic nas cuimsichte gus an ruig iad ìre a tha iomchaidh airson an aois. Anns na suidheachaidhean sin, bu chòir planadh adhartais nan tidsearan a bhith a' toirt sùil air prìomh raointean a-rithist gus clann a chuideachadh gus an cuid ionnsachaidh a dhaingneachadh.

Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla, tha clann air am brosnachadh le gnìomhachdan a leasaicheas an cuid sgilean ann an diofar shuidheachaidhean. Bidh a' mhòr-chuid den chloinn a' togail sgilean ath-leumachd agus fuasgladh cheistean tro ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha clann ann am Foghlam Meadhan na Gàidhlig a' comharrachadh na Gàidhlig agus a cultar gu math bho bhith a' gabhail pàirt gu soirbheachail anns a' Mhòd ionadail. Buannaich iad duais airson an òrain luaidh aca fhèin. A bharrachd air sin, faodaidh a' chlann air fad roghnachadh an cuid sgilean ciùil a thoirt air adhart bho theagasg ionnsramaideach ann am feadan, drumaireachd, ionnsramaidean-theud agus buille-cheòl. Bidh a' chlann uile a' togail eòlas agus sgilean ann a bhith a' cluich airson luchd-èisteachd aig tachartasan sgoile agus coimhearsnachd, a tha a' còrdadh gu mòr ri daoine.

Bu chòir dhan chennard agus do na tidsearan dèanamh cinnteach gum faigh a' chlann ionnsachadh agus teagasg de chàileachd àrd gu cunbhalach taobh a-staigh àrainn

àrachail a tha an luchd-obrach air cruthachadh. Bu chòir seo a bhith stèidhichte air farsaingeachd de mheasaidhean, a' cleachdadh teicneòlas barrachd agus cleachdadh leantainneach de chomhairle nàiseanta, leithid 'Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig.' Bu chòir do thidsearan fios air ais fhaighinn gu cunbhalach gus an cuideachadh le bhith a' cumail taic do chloinn gus an làn chomas aca a choileanadh.

Tha an ceannard agus an luchd-teagaisg air adhartas math a dhèanamh anns an raon leasachaidh seo.

Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla, tha a' mhòr-chuid de dh'ionnsachadh na cloinne aig ìre àrd gu cunbhalach. Bidh clann ag ionnsachadh ann an àrainn àrachail, coibhneil agus còir. Tha deagh dhàimhean aca le luchd-obrach agus le càch a' chèile cha mhòr fad na h-ùine. Tha beagan chloinne nach eil a' dol an sàs gu ìre cho mòr nuair nach eil ìre iomchaidh de dhuilgheadas san ionnsachadh. Bidh a' mhòr-chuid de thidsearan a' cleachdadh mhìneachaidhean soilleir agus ceistean a tha air an deagh dhealbhadh. Bidh iad a' brosnachadh feòrachas na cloinne nan cuid ionnsachaidh. Bidh clann a' cleachdadh an cuid sgilean ann an suidheachaidhean brioghmhor is buntainneach. Bidh clann ag ionnsachadh tro chluich a-muigh agus tro phròiseactan cruthachail. Bidh tidsearan a' cleachdadh raon de ghnìomhan gus a' mhòr-chuid de leasain a chumail inntinneach, leithid a bhith ag innse sgeulachdan, teicneòlas didseatach agus geamannan. Tha a' mhòr-chuid de chloinn dealasach mu an cuid shoirbheachasan ann an ionnsachadh. Bidh tidsearan a' toirt fios air ais beòil dhan chloinn gus an cuideachadh gus adhartas a dhèanamh. Tha an ceannard an dùil gum faigh a' chlann air fad cothrom air ionnsachadh speisealach cunbhalach ann an àrainneachd choille tron Ghàidhlig agus tron Bheurla.

Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tro Mheadhan na Beurla, bidh tidsearan a' cleachdadh fiosrachadh bho mheasadh ann an dòigh nas fheàrr gus a' mhòr-chuid de leasain a phlanadh gu math. Bidh clann a' comharrachadh cheistean mu raointean mu bheil iad airson ionnsachadh. Bidh tidsearan a' cleachdadh stiùiridhean a dh'ullaich an t-ùghdarras foghlaim gus cuideachadh le bhith a' planadh ionnsachadh adhartach. Ann an cuid de dh'eisimpleirean, bu chòir do thidsearan leasachadh a thoirt air a' phlanadh ionnsachaidh aca gus am bi e an t-ionnsachadh aig an ìre cheart a thaobh dùbhlain. Bu chòir do thidsearan sùil eile a thoirt air prìomh raointean ionnsachaidh nas trice. Tha tidsearan air àiteachan taiceil a stèidheachadh gu soirbheachail sa bhun-sgoil gus clann le feumalachdan taic a bharrachd le ionnsachadh (FTB) a chuideachadh. Tha clann aig a bheil FTB a' faighinn buannachd bho fharsaingeachd de dh'eòlasan luachmhor gus neo-eisimeileachd agus sgilean beatha a thogail. Bu chòir do luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil planadh airson FTB stèidhichte gu cunbhalach air targaidean a tha sònraichte, dùbhlach agus adhartach.

Tha an ceannard agus na tidsearan air stiùireadh a chruthachadh air cò ris a tha ìrean àrda de dh'ionnsachadh agus teagaisg coltach. Bu chòir dhaibh cumail orra a' cleachdadh an stiùiridh seo far a bheil feum air leasachaidhean a bharrachd. Uaireannan, ann am Foghlam Meadhan Beurla, bu chòir ionnsachadh na cloinne togail air ionnsachadh a rinneadh roimhe agus cothrom a thoirt dhan chloinn am beachdan a rannsachadh, a dheasbad agus a cho-roinn gus taic a chumail ris an ionnsachadh aca fhèin agus ionnsachadh dhaoine eile.

Bu chòir dhan cheannard agus dhan luchd-obrach ionnsachadh na cloinne a leudachadh thar farsaingeachd a' churraicealaim, a' gabhail a-steach coileanaidhean. Bu chòir do thidsearan cumail orra a' dol an sàs ann am planadh meadhan-ùine agus fad-ùine a tha a' cur an comas ionnsachaidh nas dùbhланаiche do chloinn agus, dhaibhsan ann am Foghlam Meadhan Beurla, a leudaicheas Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Tha an ceannard air ceumannan deimhinneach a thoirt air adhart gus adhbhar a' churraicealaim a shoilleireachadh. Tha ionnsachadh na cloinne stèidhichte gu h-èifeachdach air luachan agus amasan iomchaidh a tha a' comharrachadh na tha cudromach dhan cho-theacsa ionadail, Gàidhlig agus nàiseanta. Bu chòir àite na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a bhith air a chomharrachadh barrachd anns na luachan agus ann an amasan a' churraicealaim. Chan eil luchd-obrach fhathast air clàradh mar a bhios iad a' cleachdadh modhan-obrach làn bhogaidh de dh'àrd chàileachd ann an adhbhar a' churraicealaim. Bidh clann a' toirt prìomhachas dhan Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), Gàidhlig agus cànan soidhnidh mar na cànanan a tha cudromach dhan sgoil. Bithear a' cleachdadh nan cànanan sin aig tachartasan tar-sgoile, leithid taisbeanadh na Nollaige a chaidh a chumail airson na coimhearsnachd o chionn ghoirid. Bu chòir do thidsearan dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirtichean airson Gàidhlig, agus buidhnean nàiseanta, a' cumail orra a' toirt taic dhan churraicealam ann an dòigh adhartach.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas math a dhèanamh bhon chiad sgrùdadh. Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh, mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil tuilleadh an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithriseadh air mathas nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh